

Comhairle na Gàidhealtachd Tuairisgeul Obrach

Seirbheis:	Cùram agus Ionnsachadh	Earrann::	Foghlam
Tìotal Dreuchd:	Neach-cuideachaidh Clèireachail 2 (Sgoiltean) (Cuideachadh)		
Ìre agus Tuarastal:	HC03 - £8.51 san uair (A' gabhail a-steach Leasachadh Tuarastail Bith-beò).		
Cunntachail do:	Ceannard na Sgoile		
Adhbhar Dreuchd:	Taic a thoirt dhan Cheannard agus obrachadh còmhla ris/rithe a thaobh dleastanasan oifis taobh a-staigh na sgoile. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach:		
Prìomh Dhleastanasan:	<ul style="list-style-type: none">• Toirt seachad taic chlàireachail airson luchd-obrach uile taobh a-staigh na sgoile• Solar agus rianachd shiostaman leithid: Pheonix e1; Deuchainnean ScotXed/SQA; Siostam Cunntais na Sgoile; Stòr-dàta Eòlas-obrach• Cumail suas clàran clàrachaidh na sgoile• Cumail suas clàran de dh'airgead na sgoile agus lìonadh sgrìobhainnean banca• Dleastanasan coitcheann oifis, leithid a bhith a' dèanamh aithisgean agus cuairt-litrichean phàrantan• Dleastanas airson a bhith a' stiùireadh luchd-obrach clèireachail eile san oifis (ma tha sin iomchaidh)• Dleastanas airson a bhith a' dèiligeadh ri ceistean bho phàrantan is luchd-tadhail do na sgoiltean, agus do sgoilearan is luchd-obrach a tha a' cur feum air cuideachadh• Dleastanasan fòn is ionad-fàilte taobh a-staigh na sgoile• Dleastanasan reapro-grafaigeach agus faidhlidh		
Dleastanasan Eile:	Dh'fhaodte gum feum thu dleastanasan a ghabhail os làimh, a tha iomchaidh a thaobh na dreuchd, a bharrachd air an fheadhainn a tha air an toirt seachad san t-sònrachadh obrach. Dh'fhaodte gum bi atharrachadh sna dleastanasan sònraichte a tha co-cheangailte ri dreuchdan, gun a bhith ag atharrachadh coltas coitcheann nan dleastanasan no an ìre dleastanasais a tha nan lùib. Tha atharrachaidhean leithid seo cumanta agus cha bhiodh iad dhiubh fhèin a' ciallachadh gum biodh e iomchaidh beachdachadh a-rithist air ìre na h-obrach. Mar thoradh air atharrachaidhean leithid seo bidh e riatanach an sònrachadh obrach seo ùrachadh bho àm gu àm.		
Cumhaichean Sònraichte:	41 seachdain sa bhliadhna agus cuibhreann airson saor-làithean a bu chòir a ghabhail ann an saor-làithean na sgoile.		

Comhairle na Gàidhealtachd

Sònrachadh Neach

Seirbheis: Cùram agus Ionnsachadh

Tìotal Dreuchd: Neach-cuideachaidh Clèireachail 2 (Sgoiltean) (Cuideachadh)

Feartan Riatanach

Gus dleastanasan na dreuchd seo a ghabhail os làimh gu h-èifeachdach is gu sàbhailte, bidh comas aig tagraichean fianais a thoirt seachad air na leanas.

1. **EÒLAS –**
Eòlas air a bhith ag obair roimhe ann an àrainneachd oifis thrang.
Eòlas air a bhith a' stiùireadh luchd-obrach roimhe (ma tha sin riatanach).
2. **FOGHLAM AGUS TEISTEANASAN –**
Foghlam aig ìre mhath choitcheann.
3. **SGILEAN/FEARTAN COITCHEANN –**
Comas obrachadh fod stiùir fhèin.
Sùbailte.
Comas obrachadh gu cinn-ama.
Sgilean matha taidhpìdh/IT.
Eòlas air MS Word.
4. **SGILEAN/FEARTAN SÒNRAICHTE A THAOBH NA DREUCHD –**
Comas spèis a thoirt do dhìomhaireachd.
Comas innealan reapro-grafaigeach ùr-nodha a chleachdadh is dèiligeadh ri càraidhean beaga.

Màrt 2014